

23 Sultain 2025

## A Phàrant/Neach-cùraim chòir

Sa Chèitean 2025, thadhail sgioba luchd-sgrùdaidh bho Fhoghlam Alba agus Luchd-sgrùdaidh a' Chùraim air Bun-sgoil agus Aonad Ro-chòig Bhun Easain. Rè ar turais, bhruidhinn sinn ri pàrantan/luchd-cùraim agus ri clann agus dh'obraich sinn gu dlùth leis a' cheannard agus an luchd-obrach.

Fhuair an sgioba sgrùdaidh na neartan a leanas ann an obair na sgoile. Tha na neartan a' buntainn ris a' bhun-sgoil air fad mura bheilear ag ràdh a chaochladh.

- Tha an ceannard agus luchd-obrach ag obair gu h-èifeachdach mar sgioba gus obair na sgoile a leasachadh. Tha iad a' cleachdadh ionnsachadh proifeiseanta agus rannsachadh a dh'aona ghnòthach, agus mar thoradh air sin tha teagasg de dh'àrd-chàileachd ann tro mheadhanan na Beurla agus na Gàidhlig.
- Tha clann a' gabhail uallach os làimh airson an cuid ionnsachaidh agus tha iad a' toirt taic do chàch a chèile. Tha iad ag ionnsachadh tro eòlasan fìor-bheatha a tha tarraingeach agus brìoghmhor agus a tha ceangailte ris an dearbh-aithne eileanach aca is ri saoghal na obrach agus a tha a' toirt air adhart fileantas sa Ghàidhlig. Tha ionnsachadh na cloinne air a leasachadh ann an com-pàirteachas le pàrantan, le com-pàirtichean agus leis a' choimhearsnachd.
- Tha luchd-obrach agus clann a' togail dhàimhean deimhinneach, coibhneach. Tha clann an sàs ann an caochladh ghnìomhachdan a tha a' toirt taic do an slàinte is sunnd. Tha iad a' gabhail pàirt gu dealasach ann an raon farsaing de chothroman spòrs, sam bi iad a' faighinn soirbheachas.
- Tha clann a' dèanamh deagh adhartas ann an litearrachd tron Bheurla agus tron Ghàidhlig, a bharrachd air tro Ghàidhlig (Luchd-ionnsachaidh) taobh a-staigh an aonaid ro-chòig. Tha iad a' gabhail pàirt ann an caochladh ghnìomhachdan bogaidh cànan agus cultarach, an dà chuid gu neo-eisimeileach agus le an teaghlach. Tha iad seo a' gabhail a' steach seiseanan seachais, ùghdaran a' tadhal orra, am Mòd agus a' cruthachadh shoidhnichean dà-chànanach airson slighe-nàdair ionadail.

Chaidh na raointean leasachaidh a leanas a chomharrachadh agus chaidh beachdachadh orra leis a' cheannard agus le riochdaire bho Chomhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid.

- Thar na bun-sgoile agus an aonaid ro-chòig air fad, bu chòir don cheannard a bhith a' neartachadh dhòighean-obrach a bharrachd airson càileachd Bun-sgoil Bhun Easain a luachadh. A' gluasad air adhart, bu chòir don sgioba luchd-obrach a bhith a' leudachadh com-pàirteachadh chlann, phàrantan agus luchd-pàirt ann an co-dhùnaidhean a thaobh leasachadh.
- Leasaichibh mothachadh na cloinne barrachd a thaobh an cuid neartan, na h-ath cheumannan a tha romhpa agus na sgilean a tha iad air faighinn bho ionnsachadh. Ro

BS7, bu chòir gum bi clàr deimhinnte aig clann de na sgilean a fhuair iad thar a h-uile co-theacsa ionnsachaidh, ge b' e càit a bheil an t-ionnsachadh a' tachairt.

- Cumaibh oirbh ag àrdachadh buileachadh air feadh a' churraicealaim, le fòcas sònraichte air sgrìobhadh, bruidhinn agus Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh). San aonad ro-chòig, luathaichibh adhartas na cloinne ann an àireamhachd agus ann an tràth-mhatamataig. Bu chòir don cheannard cumail orra a' stiùireadh luchd-obrach leis an dòigh-obrach ro-innleachdaich ùir airson planadh a' churraicealaim.
- Bu chòir do dh'àrd-stiùirichean agus luchd-obrach cumail orra a' co-obrachadh le pàrantan gus bogadh sa Ghàidhlig aig an tràth-ìre a làn-mheudachadh.

Thionail sinn fianais gus cothrom a thoirt dhuinn luachadh a dhèanamh air obair na sgoile, a' cleachdadh ceithir slatan-tomhais deagh-ghnè à [Dè cho math 's a tha an sgoil againn \(4mh eagraan\)](#) agus [Dè cho math 's a tha ar tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne?](#). Tha slatan-tomhais deagh-ghnè a' cuideachadh sgoiltean, ùghdarrasan ionadail agus luchd-sgrùdaidh gus breithneachadh air dè tha a' dol gu math agus dè tha feumach air leasachadh. An dèidh sgrùdadh gach sgoile, bidh Riaghaltas na h-Alba a' tional mion-fhiosrachadh bho na luachaidhean againn gus lorg a chumail air dè cho math 's a tha sgoiltean ann an Alba a' dèanamh.

Seo luachaidhean Foghlam Alba airson **Bun-sgoil agus Clas Sgoil-àraich Bhun Easain**.

| Slatan-tomhais deagh-ghnè airson ìrean na bun-sgoile                                                                                                                                     | Luachadh    |
|------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------|-------------|
| <b>Ceannardas atharrachaidh</b>                                                                                                                                                          | <b>math</b> |
| <b>Ionnsachadh, teagasg agus measadh</b>                                                                                                                                                 | <b>math</b> |
| <b>A' dèanamh cinnteach à sunnd, co-ionannachd agus in-ghabhaltachd</b>                                                                                                                  | <b>math</b> |
| <b>Ag àrdachadh buileachadh agus coileanadh</b>                                                                                                                                          | <b>math</b> |
| Gheibhear tuairisgeulan air na measaidhean aig:<br><a href="#">Dè cho math 's a tha an sgoil againn? (4<sup>mh</sup> eagraan)</a> , <a href="#">Pàipear-taice 3: An sgèile sia-puing</a> |             |

| Slatan-tomhais deagh-ghnè airson clas na sgoil-àraich                                                                                                             | Luachadh    |
|-------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------|-------------|
| <b>Ceannardas atharrachaidh</b>                                                                                                                                   | <b>math</b> |
| <b>Ionnsachadh, teagasg agus measadh</b>                                                                                                                          | <b>math</b> |
| <b>A' dèanamh cinnteach à sunnd, co-ionannachd agus in-ghabhaltachd</b>                                                                                           | <b>math</b> |
| <b>A' dìon adhartas chloinne</b>                                                                                                                                  | <b>math</b> |
| Gheibhear tuairisgeulan air na measaidhean aig:<br><a href="#">Dè cho math 's a tha ar tràth-ionnsachadh agus cùram cloinne? Eàrr-ràdh 1: An sgèile sia-puing</a> |             |

Bidh sgrìobhainn nas mionaidiche, air a bheil Geàrr-iomradh air Toraidhean Sgrùdaidh (SIF), ri faotainn air làrach-lìn Foghlam Alba aig: [Bun-sgoil Bhun Easain | Aithisg Sgrùdaidh | Foghlam Alba](#)

Thional sinn fianais gus am b' urrainn dhuinn an suidheachadh tràth-ionnsachaidh is cùram-chloinne a luachadh le bhith a' cleachdadh nan slatan-tomhais deagh-ghnè bhon [Fhrèam-obrach càileachd airson cùram-latha chloinne, luchd-aire chloinne agus cùram-chloinne aig aois sgoile](#). Bidh am frèam-obrach a' cuideachadh shuidheachaidhean, solaraichean agus luchd-sgrùdaidh gus measadh a dhèanamh air dè tha ag obair gu math agus dè tha feumach air leasachadh. An dèidh sgrùdadh a dhèanamh air gach suidheachadh, bidh Riaghaltas na h-Alba a' cruinneachadh fiosrachadh mu na luachaidhean againn gus lorg a chumail air dè cho math 's a tha suidheachaidhean tràth-ionnsachaidh is cùram-chloinne a' dèanamh. Tha luachaidhean Luchd-sgrùdaidh a' Chùraim cuideachd gan cleachdadh le ùghdarrasan ionadail nuair a thathar a' beachdachadh air mar a tha suidheachaidhean a' coileanadh na h-inbhe nàiseanta airson tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne maoinichte.

## Seo luachadh Luchd-sgrùdaidh a' Chùraim airson an t-suidheachaidh tràth-ionnsachaidh is cùram-chloinne:

| Luachadh mionaideach                                                                      | Luachadh         |
|-------------------------------------------------------------------------------------------|------------------|
| <b>Prìomh cheist 1:</b><br><b>Dè cho math 's a tha ar cùram, cluich agus ionnsachadh?</b> | <b>math</b>      |
| <b>1.1 Cùram agus taic àraich</b>                                                         | <b>glè mhath</b> |
| <b>1.3 Cluich agus ionnsachadh</b>                                                        | <b>math</b>      |
| <b>Prìomh cheist 2:</b><br><b>Dè cho math 's a tha an suidheachadh againn?</b>            | <b>glè mhath</b> |
| <b>2.2 Tha sàr ghoireasan aig a' chloinn</b>                                              | <b>glè mhath</b> |
| <b>Prìomh cheist 3:</b><br><b>Dè cho math 's a tha an ceannardas againn?</b>              | <b>math</b>      |
| <b>3.1 Tha dearbhadh càileachd agus leasachadh air an deagh stiùireadh</b>                | <b>math</b>      |
| <b>Prìomh cheist 4:</b><br><b>Dè cho math 's a tha sgioba an luchd-obrach againn?</b>     | <b>glè mhath</b> |
| <b>4.3 Cleachdadh luchd-obrach</b>                                                        | <b>glè mhath</b> |

## Riatanasan a chomharraich Luchd-sgrùdaidh a' Chùraim airson an t-suidheachaidh tràth-ionnsachaidh is cùram-chloinne

Anns an sgrùdadh mu dheireadh a rinn Luchd-sgrùdaidh a' Chùraim, cha robh riathanasan no raointean leasachaidh sam bith aig an t-suidheachadh. Mar thoradh air an sgrùdadh seo, chan eil riathanas sam bith ann agus chan eil raointean leasachaidh ann.

Mar thoradh air co-dhùnaidhean agus luachadh Luchd-sgrùdaidh a' Chùraim, cha bhithear a' beachdachadh air barrachd eadar-theachdan sgrùdaidh gus taic a chumail ri leasachaidhean san t-suidheachadh tràth-ionnsachaidh is cùraim-chloinne.

### Dè thachras a-nis?

Tha sinn misneachail gu bheil comas aig an sgoil a bhith a' leantainn orra a' leasachadh. Cha tadhail sinn orra a-rithist an co-cheangal ris an sgrùdadh seo. Bidh Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid a' cur fios gu pàrantan/luchd-cùraim mu adhartas na sgoile mar phàirt den ullachadh aca airson aithris air càileachd nan sgoiltean aca.

Joan C. Esson  
Neach-sgrùdaidh an Rìgh

Kyla Steele  
Neach-sgrùdaidh Cùraim